



## Leasan 7: Sìthichean a' goid leanabh

Air ath-innse le Eilidh Rankin

### Tar-sgrìobhadh

An latha a bha seo, dh'fhàg boireannach an leanabh beag aice anns a' chreathail fhad 's a bha i fhèin aig an tobar ag iarraidh uisge. Aig an àm bha na tobraichean pìos coiseachd bhon dachaigh.

Co-dhiù, nuair a thill am boireannach leis an uisge, bha pàiste anns a' chreathail, agus cha tug i an aire nach b' e an leanabh aice fhèin a bh' ann.

Aig an àm ud 's e brochan a bhiodh a' chlann bheaga a' faighinn, agus an oidhche sin nuair a bha am boireannach a' toirt brochan dhan phàiste, chuir e iongnadh mòr oirre na dh'ith e dhen bhrochan. 'S ged a bhiodh i air a bhith ga thoirt dha fad na h-oidhche bhiodh am pàiste air cumail air ga ithe.

Thuir am boireannach rithe fhèin gun robh rudeigin glè mhì-nàdarra mun seo agus mar bu mhotha a smaoinich i mu dheidhinn 's ann bu mhotha a bha amharas aice nach b' e am pàiste aice fhèin a bha anns a' chreathail.

An latha a bha seo, leig i oirre gun robh i a' falbh bhon dachaigh. Dh'fhuirich i ri taobh an taighe gus am biodh an creutair a bha sa chreathail den bheachd gun robh i pìos air falbh, agus choimhead i a-staigh air an uinneig. Dè chunnaic i ach am 'pàiste' na shuidhe air uilinn anns a' chreathail agus e a' cluich an fheadain.

Dh'aithnich am boireannach gur e bodach-sìth a bh' ann agus gun deach fhàgail an àite an leanabh aice fhèin. Bha i ann an staid eagalach 's gun fhios aice dè dhèanadh i. Chaidh i gu seann duine anns a' bhaile agus dh'inns i dha mar a thachair.

“Ò,” ars esan, “dh'fhalbh na sìthichean le do phàiste agus dh'fhàg iad am bodach na àite. Ach innsidh mise dhut mar a gheibh thu do phàiste fhèin air ais. “Thalla thusa,” thuir e rithe, “a' chiad latha a bhios reothart ann, agus leig ort gu bheil thu a' dol dhan chladach a bhuaibh feamainn airson todhar. Bheir leat esan agus cuir air sgeir e fhad 's a bhios tu fhèin ag obair mun cuairt air. Na leig ort gu bheil thu a' faicinn an làin a' tighinn a-steach, ach leig leis an làn an sgeir a chuartaich. Nuair a bhios an sgeir air a chuartaich leis an uisge, bidh esan air a chlisgeadh gun tèid a bhàthadh, agus thig e an uair sin gu bhith na riochd fhèin. Canaidh tusa ris nach fhaigh e bhon an sgeir gus am faigh thusa do phàiste fhèin air ais.”

Sin mar a thachair. Dh'fhalbh am boireannach dhan a' chladach 's thug i leatha am 'pàiste'. Chuir i esan air sgeir agus thòisich i ri buain na feamainn. Bha i a' faicinn an làin a' sìor thighinn a-steach, ach bha i a' leigeil oirre gun robh i cho trang le cuid obrach 's nach robh for aice air an làn.

Ann an ùine gun a bhith fada bha an sgeir air a cuartachadh le uisge. Aig an dearbh àm sin, chaidh am pàiste ann an riochd seann bhodach, agus thòisich e ri trod agus ri maoidheadh oirre airson an rud a rinn i.

Thuirte ise ris: "Chan fhaigh thu às an sin gus am faigh mise am pàiste agam fhìn air ais. 'S math a tha fios agam dè thachair dha. Ach chan eil thusa a' dol a dh'fhaighinn às an sin gus am bi am pàiste agamsa air a thilleadh dhan chreathail."

Agus sin dìreach mar a thachair. Thug na sìthichean leotha an seann bhodach aca fhèin agus fhuair am boireannach an leanabh aice fhèin air ais.